



Teisteanas Nàiseanta
PÀIPEAR SAMPAILL A-MHÀIN

EPTBC/H/11

Na Meadhanan

Ceann-latha – Neo-ìomchaidh

Fad – 2 uair a thìde

Comharran iomlan – 50

Feuch GACH ceist.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fhàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



* E P T B C H 1 1 *



Comharran iomlan — 50

Feuch GACH ceist

Thathar a' moladh nach cleachd thu na h-aon eisimpleirean de shusbaint bho na meadhanan nuair a tha thu a' freagairt Ceist a dhà agus a chleachd thu 's tu a' freagairt Ceist a h-aon.

1. Susbaint nam Meadhanan ann an Co-theacsa

Ma nithear mion-sgrùdadh air susbaint bho na meadhanan, faodaidh e sealltainn gum bi roghainnean agus na dòighean sa bheil nithean air an sealltainn an darna cuid a' toirt taic do no a' dol an aghaidh luachan is smaoinasachdan sa chomann-shòisealta.

Thoir seachad mion-sgrùdadh air mar a tha seo fìor mu shusbaint bho na meadhanan mun do dh'ionnsaich thu. Nad fhreagairt bu chòir dhut:

- (a) fiosrachadh a thoirt seachad air luachan is smaoinasachdan a bhuineas ris an àm is an t-àite far an deach an t-susbaint a dhèanamh, a stèidheachadh agus/no a chleachdadh 10
- (b) mion-sgrùdadh a dhèanamh air na dòighean sa bheil na diofar riochdachaidhean a' toirt taic no a' dol an aghaidh nan luachan is smaoinasachdan sin 10
- (c) mion-sgrùdadh a dhèanamh air na dòighean sa bheil aon phrìomh eileamaid eile - seòrsaichean, cànan no modh-innse - a' cur ris na dòighean sa bheil nithean air an riochdachadh. 10

2. Àite nam Meadhanan

Thathar ag ràdh, co-dhiù a tha sinn airson aideachadh no nach eil, gu bheil na meadhanan a' toirt buaidh air ar dòighean-giùlain is beachdan.

Dèan breithneachadh air seo le bhith toirt iomradh air susbaint bho na meadhanan mun do dh'ionnsaich thu. Nad fhreagairt bu chòir dhut:

- (a) fiosrachadh mionaideach no beachdan a thoirt seachad air an àite a thathar ag ràdh gu h-àrd a th' aig na meadhanan, agus bruidhinn mu dheidhinn sin le bhith toirt seachad beachdan, argamaidean no co-dhùnaidhean mu dheidhinn 10
- (b) thoir seachad eisimpleirean bho shusbaint nam meadhanan a dhearbhas am fiosrachadh no na beachdan agad no am breithneachadh a rinn thu. 10

[DEIREADH SAMPALL A' PHÀIPEIR CHEISTEAN]